


UC-NRLF



⌘B 590 400



EX LIBRIS

829
P2912
5

THE
SPIRITUAL SONGS
OF
DUGALD BUCHANAN

EDITED WITH INTRODUCTION
NOTES, AND VOCABULARY

BY
REV. DONALD MACLEAN

Author of "The Highlands before the Reformation," "Duthil: Past and Present," "The Literature of the Scottish Gael," etc.

NEW EDITION

EDINBURGH: JOHN GRANT

31 GEORGE IV. BRIDGE

1913

10 1901
10 1902

PREFACE

IN view of the distinct revival of interest in the Gaelic language and literature, the time seemed opportune for a new edition of these classic poems. This new edition is edited from the first edition of 1767, now very rare. The Maclagan (MacL.) MS. in the University of Glasgow was carefully read, and the variants found there are given in the Notes. The variants in the McNicol MS. are not given, but these can be found in a recent volume of the transactions of the *Gaelic Society of Inverness*. But as Buchanan saw the first edition through the press himself, that edition constitutes the only really authoritative source. In dealing with the Text, the "traditional script," of which Buchanan himself was one of the originators, is closely followed, and only such changes as are necessary, in view of the results of modern research, are introduced, and these, one is warranted to believe, Buchanan himself, if he were alive to-day, would effect. The model followed throughout is that of the current Greek and Latin Classics for Schools and Universities. In the Notes syntactical and grammatical difficulties that occur in the Text are faced, and a solution offered. In order to arrive at the correct meaning of the poetry, words are historically considered, with literary references from the earliest writers to the beginning of the nineteenth century, when the meaning of the words appears to have become fixed. Quotations are also given from English poets who seem to have influenced Buchanan. It may be protested

Preface

that occasionally explanations are given of what seems obvious. But I proceeded on the assumption that what is obvious to one may not be obvious to another. Most of the books and authors referred to are mentioned in the Notes. A Vocabulary is added which will serve also as an index to the Notes.

This first serious attempt to place this classic on a level with other classics, is sent on its journey with the hope that it may help students of Gaelic to study more closely the beauty and richness of that ancient speech, and its affinity with other old languages, and that the serious vehemence of the Bard's deep thoughts on the world that is, and the mysteries of the world unseen, in themselves sublime proofs of his undeniable genius, may appeal to them as worthy of consideration.

I gratefully acknowledge the encouragement given me by many friends in my effort to discharge a self-imposed and difficult duty. Especially do I thank Professor MacKinnon, my former teacher and kind friend, for reading proofs of the Text and Notes, and for valuable suggestions; Mr John A. MacKenzie, M.A., a promising young Celtic student, for helpful assistance in the laborious work of research in Old Gaelic—a term which covers all the recognised periods; and Dr Watson of the Royal High School, Edinburgh, a widely known Celtic scholar, for reading proofs of the Introduction and Vocabulary.

D. MACLEAN.

EDINBURGH,
February 1913.

829
B918
5

CONTENTS

	PAGE
INTRODUCTION	vii
MORACHD DHE	1
FULANGAS CHRIOSD	5
LA A' BHREITHEANAIS	15
AM BRUADAR	33
AN GAISGEACH	37
AN CLAIGEANN	41
AN GEAMHRADH	51
URNUIGH	59
NOTES	63
APPENDIX I.—	
THE VOCALIC AUSLAUT	103
APPENDIX II.—	
THE NASAL AUSLAUT	105
VOCABULARY	109



Digitized by the Internet Archive
in 2008 with funding from
Microsoft Corporation

INTRODUCTION

DUGALD BUCHANAN was born at Ardoch, Strathyre, Perthshire, in 1716. He was a relative, and, in early life, a contemporary, of the famous Rob Roy. His father, a miller and farmer, was a religious man. His mother, Janet Ferguson, was an intelligent and pious woman. She died when Dugald was only six years old, but the memory of her devout life, and of her earnest entreaties, haunted him throughout his chequered experiences. Having received the elements of education that his native parish provided, he, in his twelfth year, became a tutor in a neighbouring family composed of members blatantly irreligious. The mother of the household was a zealous Christian. The conflicting parties under this roof-tree were a visible illustration of the opposing forces that were ranging themselves for mastery in his youthful heart. Having abandoned tutoring in 1730, when he was fourteen years of age, he proceeded to Stirling with the view of advancing his education. There he remained for two years, and thereafter, with six months' stay at Edinburgh, his education was considered to be completed. His father, now that the boy was eighteen years of age, apprenticed him first to a carpenter at Kippen, and later to another at Dumbarton. With the former he picked a quarrel, and left before the expiry of the stipulated term of engagement, and the routine of work under the latter, setting too severe a restraint on his recklessness, was forsaken. During these

Introduction

years his escapes from serious peril were phenomenal. He recovered from what was expected to be a fatal attack of fever. Twice he was rescued from drowning, and once he came within a hairbreadth of being dispatched by the bayonet of a drunken soldier. In 1749 Buchanan married Margaret Brisbane, a daughter of the land-steward of the Earl of Louden, and settled on his father's farm at Ardoch. In 1750 he, however, abandoned this occupation, to which apparently he was ill-adapted by disposition and training, for itinerant teaching. In 1753 he was given a permanent appointment as teacher at Kinloch Rannoch. Two years later he was appointed Catechist, and the duties of the dual office he discharged efficiently to the end. While Catechist at Rannoch, his influence as an evangelist was so great, and his attainments so conspicuous, that the Presbytery of Dunkeld was approached to license him as a preacher and pastor in the parish. But the technical and ecclesiastical difficulties which circumscribe the pathway to the ministry in Scotland stood as a barrier, and the wishes of the people of Rannoch, like those of the Gaelic-speaking people of Edinburgh at a later date, were thwarted, so that one who might have been an ornament in the ranks of the ministry, had to serve his Master with his dedicated talents in the humbler but honourable sphere of Catechist. On account of his proficiency in Gaelic scholarship, he was chosen, along with the Rev. James Stewart of Killin, to superintend the passing of the first edition of the Gaelic New Testament through the press, and the excellence of that translation is in part due to the ability of the poet-catechist of Rannoch. When discharging this duty in Edinburgh, he published the first edition of his own poems in 1767, and attended the classes for natural philosophy, astronomy, and anatomy at the University. He came in contact with many of the literary celebrities of the city, and among them David Hume. His

Introduction

interview with the famous sceptic is interesting, as illustrating by its dramatic sequel the religious fortitude of the poet. Hume challenging the poet to quote anything so impressive and sublime as the words in Shakespeare's *Tempest*, Act IV. Sc. 1, 148-158, Buchanan forthwith quoted from memory Rev. xx. 11-13, the solemn grandeur of which the philosopher admitted.

Two years after this, in 1768, Buchanan was called home to attend to his fever-stricken family. He caught the virulent infection, and died in his fifty-second year. His death, at a comparatively early age, made a deep impression on his countrymen, and it was only from reverence for the dead, and for the sake of peace, that the men of Rannoch allowed the men of Balquhiddy to carry the mortal remains of the tall, black-haired, dark complexioned, and large-eyed poet for interment among the dust of his fathers, in the churchyard of Little Leny. Only a few years ago there died at Fortingal a man whose father had witnessed the funeral procession crossing the Lyon at Linne Lonaidh.

Buchanan kept a diary from 1741 to 1750. This autobiography, which is modelled on the "Confessions" of Augustine, in brilliance of style and vividness of narrative, as well as in the sincerity of its self-disclosures and the keenness of its self-analysis, is wonderfully similar to that great masterpiece. Like the Bishop of Hippo, he does not recoil from writing hard things against himself. His recklessness, irreligion, profanity, and vice during his earlier years; his fits of remorse, the violence of his mental agony, the intensity of his soul anguish, and the dreaded judgment of God, are depicted with such a wealth of detail as makes the whole vividly realistic. He emerged from the great struggle by a process of intellectual as well as spiritual conversion, and attained to such a consciousness of the mercy and goodness of God as raised him to a high level of spiritual

Introduction

power. In all this we have the key to his "Songs." Like Dante, he was under the dominion of an overmastering passion for the salvation of men. His motive is to awaken his countrymen to a sense of the magnitude, the infinite variety, and awful demerit of sin (see *The Day of Judgment*), the omnipotence of God and the wanton folly of defying Him (see *The Greatness of God*), the madness of trifling with eternal interests (see *Winter*), and the all-sufficiency of Christ's Atonement (see *The Sufferings of Christ*, and *Prayer*). His teaching is ethical as well as spiritual (see *The Skull*). Moral abuses and cruel oppression are vigorously condemned (see *The Skull*). Success obtained at the expense of true nobility of character is deemed worthless. Self-control is inculcated (see *The Hero*). With grand bursts of feeling and imagination, he appeals to the sense of fear in the wicked, but the aim is reformative. Underlying all his vehement appeals, his vivid and harrowing pictures of the miseries of the lost, and the terrifying grandeur of the last great catastrophe, is a passionate yearning for the regeneration of the people. There is no hint of self-satisfied complacency, no indication of morbid delight in the suffering of others. Stern and terrible as the application of his doctrines may be at times, any criticism is unjust if it does not take full account of his long-drawn-out spiritual struggle, whence issued his conception of the enormity of sin, the righteousness of God, and the greatness of the sacrifice of Christ. Here, too, was a man full of tender sympathy, a pacifier of inter-clan feuds, and one who entered with zest into the innocent frolics of his happy school children. With the exception of the Bible and the Catechism, no Gaelic book was printed so frequently as these poems, and no book outside those mentioned exercised such a profound influence among all classes of the Gaelic-speaking Highlanders, from the eminent Indian Missionary, Dr

Introduction

Duff, to the widow who breaks the monotonous whirr of her spinning-wheel with the melody of those sublime pieces. It has been well said that "What the sublime conceptions of Milton and John Bunyan were to the devout thought of England, those of the sacred Bard of Rannoch have been to that of Gaelic Scotland."

However opinions may differ as to his applications of his doctrines, there can be no difference of opinion as to the terseness of his language, the excellence of his idioms, the sweet cadence of his lines, and the even flow of his utterances. The language he finds elastic, and he bends it at his will. His eye is open to the wonders of the physical world and the variety of external nature. He claims the right to borrow from every phase of nature and life the associations and images that he wants, and he has shown that these borrowed images do not lose their beauty and meaning by being expressed with literal reality. He personifies abstractions with the utmost ease. The proverbs of the people he summons to his aid, and he utters his own reflections in such epigrammatic forms as to become in turn proverbs for the people. His primary aim is not to delight, but to teach and impress. Yet the sublime grandeur of his vivid imagery delights by the felicity of style when it may not teach, and his sustained earnestness borne on the bosom of forcible and apt expressions, impresses when it may not convince. The secular bards loaded their lines with high-sounding adjectives. They were caught by the music of words, and though their chime may be sweet, the thought is not clear. Lucidity is a feature of Buchanan's poetry, and he has shown that melody and lucidity are not impossible companions. That itself was a great gain, and a distinct advance.

An eminent authority has written: "Than Buchanan no greater blessing was bestowed on the Highlanders of

Introduction

his day. When the poet superintended Stewart's translation of the New Testament (1767) through the press, another era in Highland life and literature had begun." It is no disparagement, therefore, of his many editors to say that Buchanan knew Gaelic better than most of them. Some of these, with the view of bringing the poet's script into line with dialectal peculiarities, seriously invaded the original. They gave abraded forms of the old verb particles, which destroyed the swing of the verses, and in many instances effected changes that were not grammatically correct. A current cheap edition of the poems has given misreadings of the original, dropped some lines, and is interspersed with typographical and other errors.

On the 17th November 1875 a granite monument, with suitable inscriptions, was unveiled with fitting ceremonial at Kinloch-Rannoch to perpetuate the memory of the poet-catechist. The obelisk, which was erected by money collected chiefly by Alexander MacBain, then a student at Aberdeen, is symbolic of the poet, as well as commemorative of his Christian usefulness; but the real memorial of his intellectual power is the rhythmic form, with almost faultless artistry, of the deep aspirations of his heart called by himself his "Spiritual Songs."

Morachd Dhe.

O! ciod e Dia, no ciod e ainm?
Cha tuig na h-aingle 's àird' an glòir;
E 'n solus dealrach foluicht' uath',
Far nach ruig sùil no smuain 'na chòir.

Uaith féin ata a bhith a' sruth' ; 5
Neo-chruthaichte ta uile bhuaidh'n ;
Neo-chrìochnaichte 'nan nàdur féin,
'S féin-dhiongmhaltas 'gan cumail suas.

Cha robh e òg, is sean cha bhì ;
O shìor gu sìor gun chaochladh staid ; 10
Cha tomhais grian no gealach aois,
Oir 's nithe caochlach iad air fad.

'N uair thaisbeanas e ghlòir no ghràs,
Bidh là neo-bhàsmhor teachd o shùil ;
'S grad chuiridh sluagh nan nèamhan àrd, 15
Le 'n sgiathaibh sgàile air an gnùis.

'S ma thaisbeanas e ghnùis an gruaim,
Grad sgaoilidh uamhunn feadh nan speur ;
Roimh achmhasan-sa teichidh 'n cuan,
'S le geilt-chrith gluaisidh 'n cruinne-cé. 20

Morachd Dhe

Ta oibre nàduir searg' 's a' fàs,
O chaochla tàid gu caochla ruith ;
Ach uile thionnsgain-s' tàid 'nan aon,
Gun traogh' no lionadh air a bhith.

Ta aingle 's daoin' do neo-ni dlùth, 25
A' bhrù o'n d' thàinig sinn gu léir,
Ach iomlaineachd o shìorr'achd tà,
Neo-chrìochanach 'na nàdur féin.

'N uair chuala neo-ni guth a bhéil,
Ghrad leum 'na bith a' chruitheachd mhòr, 30
An cruinne so le uile làn,
'S na nèamhan àrd le'n uile shlòigh.

'N sin dhearc air 'oibrichibh gu léir,
'S gach creutair bheannaich e 'nan staid,
'S cha d'fheum ath-leasachadh air nì, 35
Am measg a ghnìomharra air fad.

Air clàr a dhèarn' tha dol mu'n cuairt,
Gach reul a ghluaiseas anns an speur ;
An cruthach' gu léir tha stigh 'na ghlaic,
'S a' deanamh thaic d'a ghàirdean treun. 40

Co chuartaicheas do bhith, a Dhé ?
An doimhne shluig gach reusan suas ;
'Nan oidhirpibh tha aingle 's daoin'
Mar shligean maoraich glacadh chuain.

O bhith-bhuantachd tha thus' ad Rìgh, 45
'S ni bheil san t-saogh'l-s' ach nì o'n dé ;
O! 's beag an eachdraidh chualas diot,
'S cha mhòr de d' ghnìomh ata fo'n ghréin.

Ge d' thionndadh ghrian gu neo-ni rìs,
'S gach nì fa chuairt a soluis mhòir ; 50

Morachd Dhe

'S co beag bhiodh t' oibre 'g ionndrain uath',
'S bhiodh 'n cuan ag ionndrain sile mheòir.

An cruthach' cha dean le uile ghlòir,
Làn-fhoillseachadh air Dia nam feart ;
Cha'n'eil 'sna h-oibre ud gu léir, 55
Ach taisbean earlais air a neart.

Le 'r tuigse thana 's diomhain duinn
Bhi sgrùdadh chuain ata gun chrìoch ;
An litir 's lugha dh'ainm ar Dé,
Is tuille 's luchd d' ar reusan i. 60

Oir ni bheil dadum cosmhuil riut
Am measg na chruthaich thu gu léir ;
'S am measg nan daoine ni bheil cainnt
A labhras t' ainm ach t' fhocal féin. 64

Fulangas Chrìosd.

'S e fulangas mo Shlànuighear
A bhios mo dhàn a' luaidh,
Mòr-irioslachd an àrd-Rìgh sin
'Na bhreith 's 'na bhàs ro chruaidh ;
'S e 'n t-iongantas bu mhiorbhuilich' 5
Chaidh innse riamh do shluagh,
An Dia bha ann o shìorruidheachd,
Bhì fàs 'na chìochran truagh.

'N uair ghabht' am broinn na h-òighe e,
Le còmhnadh Spiorad Dhé, 10
A chum an Nàdur Daonna sin,
A dheanamh aon ris féin ;
Ghabh e sgàil mu Dhiadhaidheachd,
'S de'n *Bhriathar* rinneadh feòil,
Is dh' fhoillsich' an rùn dìomhair sin, 15
Am pearsa Chrìosd le glòir.

Rugadh 'n stàbull diblidh e,
Mar dhilleachdan gun treòir,
Gun neach a dheanadh càirdeas ris,
No bheireadh fàrdoch dhò ; 20
Gun mhuinntir bhì 'ga fhrithealadh,
No uidheam mar bu chòir,
Ach eich is daimh 'ga chuartaichadh,
D'an dual gach uile glhòir.

Fulangas Chrìosd

Mu'n gann bha fios gu'n d'fhàinig e, 25
Do dhuig' dha nàimhde mòr ;
B' fheudar teich' do'n Eiphit leis,
Roimh Herod bh'air a thòir ;
Is e cho naimhdeil dìoghaltach
Chum Iosa chur gu bàs, 30
'S gu'n mharbhadh leis gach cìocharan
A bha na rìogh'chd gun dàil.

Bha tuill aig na sionnachaibh
Gu'm falachadh o theinn ;
Bha nid aig na h-eunlaithe 35
An geugaibh àrd nan crann ;
Ach esan a rinn uile iad,
'S gach nì sa' chruinne-ché,
Bha e féin 'na fhògarrach,
Gun chòmhnuidh aig' fo'n ghréin. 40

Am feadh 's a ghabh an Slànuighear
Mar ionad tàimh an saogh'l,
Mar léigh ro iochdmhor fàbharach
Bha leigheas chlann nan daoin' ;
'N aon eucail riamh bu ghàbhaidh bh'ann, 45
'S gach galar cràiteach geur,
Do thionndadh e chum slànachaidh
'N uair labhradh e o bheul.

Thug teanga do na balbhanaibh,
'S do'n bhacach mhall a lùth, 50
Do'n bhodhar thug e chlaistinneachd,
'S do dhaoine dall an iùl ;
Na lobhair bhreun do ghlanadh leis,
Cur fallaineachd 'nam fèdil,
'S leighis gach eucail anma e, 55
'S na mairbh do thug e beò.

Fulangas Chrìosd

Do shearmonaicheadh an soisgeul leis
Do dhaoine bochda, truagh,
Is gheall e saorsa shìorruidh dhoibh,
Bha 'n glais fo chis ro chruaidh ; 60
Na'n gabhte' ris an fhìrinn leo,
Le creideamh fìorghlan beò,
'S gu'm biodh iad air an iompachadh
O ghnìomharraibh na feòl'.

Lean buidhean tur do'n fhàsach e, 65
Is dh' fhan tri làith' 'na chòir,
Cuig mìle bha de dh' àireamh ann
Bh' air fàilneachadh chion lòn ;
'N ro bheagan fhuair iad bheannaich e,
'N da iasg 's cuig arain eòrn', 70
'S do dh' ith iad gus 'na shàsuich' iad,
Is dh' fhàg iad ni bu leòir.

Do chaisgeadh onfhadh chuantan leis,
'S an tonnan uaibhreach mòr,
A' ghaoth ro laidir, bhuaireasach, 75
Do chuartaich e 'na dhòrn :
Ach aithris air gach mìorbhuile,
Rinn Iosa anns an fheadil,
Cha chumadh 'n saogh'l de sgrìobhannaibh
Na dh'innseadh e gu leòir. 80

Ach 'n uair bha'n t-àm a' dlùthach' ris
Gu'n siùbhladh e chum glòir,
Ghairm e chuige dheisciobuil,
Is dheasaich e dhoibh lòn ;
Chuir e sìos 'nan suidhe iad, 85
'S gach uidheam air a' bhòrd ;
Aran 's fìon do riarach orr'
Bha ciallach' fhol' is fheadl'.

Fulangas Chrìosd

Is thug e sin mar òrdugh dhoibh
Bhi 'n còmhnuidh ac' gu bràth, 90
A dh' fhoillseachadh mhòr-fhulangais,
A dh' fhuiling air an sgàth :
Gu'n itheadh is gu'n òladh iad
De dh' fheartaibh mòr a ghràidh,
'S gu'm bitheadh e mar chuimhne aig 95
A mhuinntir air a bhàs.

'N uair thainig chum a ghàraidh e,
Do bhi a chràdh ro mhòr,
'N uair fhuair e 'n cupan feirge sin,
Bha oillteil searbh r'a òl ; 100
Air ghoil bha chuisle craobhach-san
Tre chorp ro naomh 'ga fhàsg',
'Na fhallas fola braonadh mach
Tre aodach air an làr.

'N sin thuit e air a ghlùinibh sìos 105
A' deanamh ùrnuigh ghéir :
"O Athair chaoimh ma's comas e,
An deoch so cuir uam féin ;
Ach so a' chrìoch mu'n d' thàinig mi,
Gu'n sàbhalainn mo threud, 110
Mar sin ni iarram fàbhar, ach
Do thoil gu bràth bhi deant'."

B'e sud an cupan uamhannach,
A fhuair e ann a làimh ;
Peacadh 'n t-saogh'l 'ga chuartachadh, 115
'S gach duais a bhuineadh dhà ;
Na dh' fhuil'geadh 'n saoghal gu sìorruidheachd
De phiantaibh is de chràdh,
Chaidh sud a leigeadh còmhla air,
'S an deoch ud dh'òl 'nan àit. 120

Fulangas Chrìosd

B'e 'n diabhl' a shealbhaich Iùdas sin,
Le chridhe dùbailt' fiar,
An cealgair sanntach, lùbach ud,
A chuir du-chùl ri Dia :
An troiteir reic e Shlànuighear, 125
'S a mhaighstir gràdhach féin,
Is bhrath da nàimhde bàsmhor e,
Fo chàirdeas pòg a bhéil.

An sin do rinn iad prìosanach
De dh' Iosa gun chionfàth, 130
Is thug iad dh' ionnsuidh Phllat e,
Gu'n dìteadh e chum bàis :
Is dhìt am breitheamh eucorach
Le fianuis bhréig' an Tì,
Bha choguis féin ag innse dha 135
Bhi dìth-chiontach is fìor.

Do cheangail agus sgiùrs iad e
Le buillibh drùiteach geur,
An fhèil o'n chnaimh do rùisgeadh leo
'Na meallaibh brùit' gu léir, 140
A chorp ro naomh do mhilleadh leo,
'S a chreuchda sileadh sìos ;
An fhuil le'n ceannaicht' an saoghal so,
Gun sgoinn bhi dhith no pris.

Do rinneadh crùn de'n sgitheach leo, 145
Is dh' fhigh iad e gu teann,
Chur tuille péin is nàire air,
Do spàrr iad e mu cheann ;
'Na cheann a steach do bhuaileadh leo
Na biora cruaidh ro gheur, 150
Is aghaidh ghlòrmhor dh' fholuich iad
Le'n sile salach, breun.

Fulangas Chrìosd

'N uair chuir iad an crùn nàrach air,
Ro chràiteach goirt do bhì,
Do sgeudaich iad le sgàrlaid e, 155
'S chuir colbh 'na làimh mar Rìgh;
Is labhair iad gu sgallaiseach,
A' fanoid air an Tì:—
“Fàilte, 'Rìgh nan Iùdhach, dhuit,”
Le'n glùn 'ga chromadh sìos. 160

Le'm fòirneart mòr do dh'éignich e
Chrann cèusaidh thogail suas,
Ach ge bu chruaidh sud b'fheudar e
Bhi géilleadh dhoibh san uair:
A chuisle chaomh a' traoghadh as, 165
'S a neart 'ga fhàsgadh uaith',
A' dìreadh 'n t-sléibh 'ga shàrach', gus
An d'fhàilnich e fo'n chuail.

Sìos air an leabaidh dhòruinnich,
Le dheòin do luidh e féin;
Rùisgt' air a chrann do shìneadh e, 170
'S gach alt dheth spìon o chéil';
A chorp ro naomha beannaichte,
Do cheangail iad gu teann,
Le tàirnibh 's òrd 'gan sparradh sud 175
Gu daingean ris a chrann.

An crann an sin do dhìrich iad,
Is Iosa thog air suas,
Is air na tàirnibh chrochadh e
Le dochann tha do-luaidh; 180
A chudthrom féin a' reubadh as
Gach creuchd 'na chois 's 'na làimh,
Is fhuil ro phrìseil naomha-san
'Ga taomadh sìos gu làr.

Fulangas Chrìosd

Ge bu mhaslach cràiteach leis 185
 Am bàs a dheilbheadh leò ;
 Aon ghearan riamh cha d' thàinig uaith',
 'N aghaidh 'nàimhde mòr ;
 Ach 's ann a ghabh e'n leith-sgeul-san,
 'Gan teasairginn gu fìor : 190
 " O Athair thoir dhoibh maitheanas,
 Taid aineolach 'nan gnìomh."

Chaidh dibh-fhearg Dhé a thaomadh air,
 Gach uile thaobh mu'n cuairt,
 Bha gnùis a ghràidh air fholach air, 195
 Is thionndadh soluis uaith' ;
 Is dh' éigh e fo na piantan sin :
 " Mo Dhia ! Mo Dhia na tréig !
 Na ceil do ghnùis ro fhàbharach,
 'S na fàg mi ann am fheum." 200

Na'n rachadh an tròm-dhioghaltas
 A ghiùlain Ios' e féin,
 Leag' air a chinne-dhaonna sin,
 'S na h-ainglean naomh le chéil',
 Do chasgradh ann a mòmaint bhig, 205
 Na slòigh ud leis gu léir :
 Am braon bu lugh' d'a fhulangas
 Loisgeadh e 'n cruinne-cé.

Dh' òrduich Dia nan sluagh an sin,
 Iad theachd mu'n cuairt do'n t-sliabh, 210
 Gach uile nàdur reusanta,
 A rinn e féin o chian ;
 'S gu'm faicte' ghaol d'a chreutairibh,
 'S do bheusaibh pheacaidh fhuath,
 Anns an fheirg a thaomaich e 215
 Air Mac a ghaoil san uair.

Fulangas Chrìosd

'S e so bu chainnt d'a fhulangas :
" Nis tuigibh uile shluagh,
Nàdur sgreitidh pheacaidh ud,
'S am dhòruinn faicibh dhuais ; 220
Is nàdur teann a' cheartais sin,
A ghlac mi as leth chàich,
Nach maith dhomh bonn d'am fiachan-san,
'S nach dìol mi ach le m' bhàs."

Bha'm bàs ud mallaicht', piantachail, 225
Ro ghuineach, dioltach dòigh,
Ro chràiteach, nàrach, fadalach,
'S e teachd neo-ghrad 'na chòir :
Bu ni ro oilteil, uamhasach,
Seachd uair' bhi 'n crochadh beò, 230
Air féith' a chuirp 'gan spìonadh as,
Co dh'fheudas inns' a leòn ?

Bha brìgh a chuirp air tiormachadh
An àmhuinn feirge Dhé,
'S a chridhe càirdeil firinneach 235
A' leaghadh sìos mar chéir ;
A theanga lean r'a ghialaibh-san,
Bha riamh am pàirt a shluaigh,
Is fòirneart nan geur-phiantan sin
A' snìomhadh anama uaith'. 240

A fhradharc glan do dh' fhàilnich air
'S mar ghlaine dh' fhàs a shùil ;
Bha féith' a chridhe bristeadh aig',
'S a bhràghad clisgeadh dlùth ;
A ghnùis b' àillidh snuadh is dreach, 245
Air tionndadh uaine lì ;
Ar leam gu faic mi 'n ealghris air,
Cur a chath sheirbh gu crìch ;

Fulangas Chrìosd

Ar leam gu faic mi chreuchda-san,
Mar a reub na tàirnean fhèoil; 250
An fhuil fàs dubh a' ragadh ump';
Slor lagach' air a threòir;
Dreach a' bhàis a' tional uim',
'S e dealachadh r'a sgiamh;
Air leam gu'n cluinn mi 'g osnaich e, 255
'S a' phlogail bha 'na chliabh.

Fa dheireadh labhair Iosa riu:
"Tha mi an ìota mhèir."
Ghabh domblas agus fìon geur iad,
'S deoch shìn iad dha r'a h-òl, 260
'N sin thubhairt: "Tha e crìochnaichte
Gach nì ghabh mi os làimh;"
'S le sgairteachd gheur do ghlaodh e mach,
Is chlaon e cheann gu bàs.

Be sud an glaodh bha cruadalach, 265
Do chual e 'n cruinne-cé;
Gach creag air talamh sgealbadh leis,
'S na mairbh ghrad chlisg gu léir:
Do thionndadh ghrian gu dorchadas,
Is chaochail colg gach nì, 270
Bha chruitheachd mar gu'm bàs'cheadh i
'S i tarrainn chum a crìch.

Na flaitheas bha riamh sòlasach,
'S na slòigh bha subhach shuas,
San àm sin rinneadh brònach iad, 275
'S an ceòl do leig iad uath',
Ri faicinn dhoibh an Ughdair ac'
San ùir 'ga leagadh sìos,
Am bàs a bhi 'ga cheangal-san
Thug anam do gach nì. 280

La A' Bhreitheanais.

AM feadh ta chuid as mò de'n t-saogh'l
Gun ghaol do Chrìosd, gun sgoinn d'a reachd,
Gun chreideamh ac' gu'n tig e rìs
Thoirt breith na firinn air gach neach.

An cadal peacaidh taid 'nan suain, 5
A' bruadar pailteis de gach nì,
Gun umhail ac' 'n uair thig am bàs,
Nach meal iad Pàrras o'n ard Rìgh.

Le cumhachd t'fhocail Dhé tog suas
An sluagh chum aithreachais 'na thrà, 10
Is beannaich an Dàn so do gach neach,
Bheir seachad éisdeachd dha le gràdh.

Mo smuaintean talmhaidh Dhé tog suas,
'S mo theanga fuasgail ann mo bheul,
A chum gu'n labhrainn mar bu chòir, 15
Mu ghlòir 's mu uamhunn latha Dhé.

Air meadhon oidhch' 'n uair bhios an saogh'l
Air aomadh thairis ann an suain,
Grad dhùisgear suas an cinne-daonn'
Le glaodh na trompaid 's àirde fuaim. 20

Air neul ro àrd ni fhoillseach' féin,
Ard-aingeal treun le trompaid mhòir,
Is gairmidh air an t-saogh'l gu léir
Iad a ghrad éirigh chum a' mhòid :

La A' Bhreitheanais

- “O cluinnibh-s' uile chlann nan daoin',
Nis thainig ceann an t-saogh'l gu beachd ;
Leumaibh 'nur beatha sibhs' ta marbh,
Oir gu dearbh ta Ios' air teachd.” 25
- Seididh e le sgal cho cruaidh,
'S gu'n cuir e sléibhte 's cuan 'nan ruith ;
Clisgidh na bhios marbh 's an uaigh,
Is na bhios beò le h-uamhunn crith. 30
- Le h-osaig dhoinionnaich a bhéil
An saogh'l so reubaidh e gu garg,
'S mar dhùn an t-seangain dol 'na ghluas'
Grad bhrùchdaidh 'n uaigh a nìos a mairbh. 35
- 'N sin cruinnichidh gach cas is làmh
Chaidh chur san àraich fad o chéil',
'S bidh farum mòr am measg nan cnàmh,
Gach aon diubh dol 'na àite féin. 40
- Mosglaidh na fireanaich an tùs,
Is dùisgear iad gu léir o'n suain ;
An anamaibh tuirlingidh o ghlòir,
Gu'n còmhachadh aig beul na h-uaigh'. 45
- Le aoibhneas togaidh iad an ceann,
Tha àm am fuasglaidh orra dlùth ;
Is mar chraoibh-mheas fo iomlan blàth,
Tha dreach an Slànuighear 'nan gnùis. 45
- Tha obair Spiorad Naomh nan gràs
Air glanadh 'n nàduir o 'n taobh steach ;
'S mar thrusgan glan ta ùmhlachd Chrìosd,
'Gan deanamh sglamhach o'n taobh mach. 50
- Dùisgear na h-aingidh suas 'nan déigh,
Mar bhéisdean gairisneach as an t-sloc ;

La A' Bhreitheanais

'S o ifrinn thig an anama truagh 55
Thoirt coinneamh uamhasach d'an corp.

'N sin labhraidh 'n t-anam brònach, truagh,
R'a chollainn oillteil, uamhar, bhreun :
"Mo chlaoidh ! ciod uim' an d'éirich thu
Thoirt peanas dùbailt oirn' le chéil' ? 60

" O ! 'n éigin dòmhsa dol a ris
Am prìosan neò-ghlan steach ad chré ?
Mo thruaighe mì, gu'n d'aontaich riamh,
Le t' ana-mianna brùideil féin !

" O ! 'm faigh mi dealach' riut gu bràth, 65
No 'n tig am bàs am feasd ad chòir ?
An drùigh tein' air do chnamhaibh iairn',
No dibh-fhearg Dhé an struidh i t'fheòil ?"

Eiridh na rìghrean 's daoine mòr'
Gun smachd gun òrdugh bhi 'nan làimh, 70
'S cha' n aithn'ear iad am measg an t-sluaigh,
O'n duine thruagh bha ac' 'na thràill.

'S na daoine uaibhreach leis nach b' fhìù,
Gu 'n ùmhlaicheadh iad féin do Dhia ;
O ! faic a nis iad air an glùn 75
A' deanamh ùrnuigh ris gach sliabh :

" O chreagan, tuitibh air ar ceann
Le sgàirnich ghairbh de chlachan cruaidh,
Is sgriosaibh sinn á tir nam beò,
A chum 's nach faic sinn glòir an Uain !" 80

Am mach as uamha gabhaidh thriall
An diabhl 's a chuid aingle féin ;
Ge cruaidh e 's éigin teachd a làth'r,
A' slaodadh shlàbhraidh air a dhéigh.

La A' Bhreitheanais

'N sin fàsaidh rudhadh anns an speur, 85
Mar fhàir na maidne 'g éirigh dearg,
Ag innse gu bheil Iosa féin,
A' teachd 'na dhéigh le latha garbh.

Grad fhosglaidh as a chéil' na neòil,
Mar dhorus seòmair an àrd Rìgh, 90
Is foillsichear am Breitheamh mòr,
Le glòir is greadhnachas gun chrìch.

Tha 'm bogha-frois mu'n cuairt d'a cheann,
'S mar thuil nan gleann tha fuaim a ghuth ;
'S mar dhealanach tha sealladh shùl, 95
A' spùtadh as na neulaibh tiugh.

A ghrian, àrd-lòcharan nan speur,
Do ghlòir a phearsa géillidh grad ;
An dealradh drillseach thig o ghnùis,
A solus mùchaidh e air fad. 100

Cuiridh i uimpe culaidh bhròin,
'S bidh ghealach mar gu'n dòirt' oirr' fuil ;
Is crathar cumhachdan nan speur,
A' tilgeadh nan reult' as am bun.

Bidh iad air uideal anns an speur, 105
Mar mheas air géig ri h-ànradh garbh,
Tuitemar mar bhraona dh' uisge dlùth,
'S an glòir mar shùilean duine mhairbh.

Air charbad teine suidhidh e,
'S mu'n cuairt da beucaidh 'n tairneanach, 110
A' dol le ghairm gu crìoch na nèamh,
'S a' reub' nan neul gu doinionnach.

O chuidhlibh charbaid thig a mach
Sruth mòr de theine laist' le feirg,

La A' Bhreitheanais

Is sgaoilidh 'n tuil ud air gach taobh,
A' cur an t-saogh'l 'na lasair dheirg. 115

Leaghaidh na dùile nuas le teas,
Ceart mar a leaghas teine céir ;
Na cnuic 's na sléibhtean lasaidh suas,
'S bidh teas-ghoil air a' chuan gu léir. 120

Na beannta iargalt' nach d' thug seach
An stòras riamh do neach d'an deòin,
Ta iad gu fialaidh taosgadh mach
An ionmhais leaght' mar abhuinn mhòir.

Gach neach bha sgrìobadh cruinn an òir
Le sannt, le dò-bheart, no le fuil,
Làn chaisgibh 'nis bhur 'n iota mòr,
'S a nasgaidh òlaibh dheth o'n tuil. 125

O sibhse rinn 'ur bun de'n t-saogh'l !
Nach tig sibh 's caoinibh e gu geur ?
'N uair tha e gleacadh ris a' bhàs,
Mar dhuine làidir dol do'n eug. 130

A' chuisle chleachd bhi fallan, fuar,
Ri mireag uaibhreach feadh nan gleann,
Tha teas a chléibh 'ga smùidreadh suas,
Le goilibh buaireis feadh nam beann. 135

Nach faic sibh chrith tha air mu'n cuairt,
'S gach creag a' fuasgladh anns gach sliabh ?
Nach cluinn sibh osnaich throm a bhàis,
'S a chridhe sgàineadh stigh 'na chliabh ? 140

An cùrtean gorm tha nunn o'n ghréin,
'S mu'n cuairt do'n chruinne-ché mar chleòc,
Crupaidh an lasair e r'a chéil',
Mar bheilleig air na h-éibhlibh beò.

La A' Bhreitheanais

Tha 'n t-adhar 'ga thachd' le neula tiugh, 145
'S an toit 'na meallaibh dubh dol suas,
'S an teine millteach spùtadh mach,
'Na dhualaibh caisreagach mu'n cuairt.

Timchioll a' chruinne so gu léir
Borb bheucaidh 'n tàirneanach gu bras; 150
'S bidh 'n lasair lomadh glòir nan speur,
Mar fhalaig ris na sléibhtibh cas.

'S a chum an doinionn atadh suas,
O cheithir àirdibh gluaisidh ghaoth,
'Ga sgiùrs' le neart nan aingle treun, 155
Luathach' an léir-sgrios o gach taobh.

Tha obair nan sè là rinn Dia,
Le lasair dhian 'ga chur ma sgaoil;
Cia mor do shaoibhreas Rìgh nam feart
Nach ionndrain casgradh mhìle saogh'! 160

'M feadh tha gach ni an glacaibh 'n éig,
'S a' chruitheachd gu léir dol bun-os-cionn,
Teannaidh am Breitheamh oirne dlùth,
A chum gach cùis a chur gu ceann.

'N sin gluaisidh e o àird nan speur, 165
Air cathair a Mhòrachd féin a nuas,
Le greadhnachas nach facas riamh,
'S le Dhiadhachd sgeudaichte mu'n cuairt.

Ta mìle tàirneanach 'na làimh,
A chum a nàimhde sgrios am feirg, 170
Is fonn-chrith orr' gu dol an greim,
Mar choin air éill ri h-àm na seilg.

Ta aingle gun àireamh ann a chùirt,
Le 'n sùilean suidhicht' air an Rìgh,

La A' Bhreitheanais

Chum ruith le òrdugh-san gun dàil, 175
'S a h-uile àit gu'n cur an gnìomh.

O Iudais! thig a nis a làth'r,
'S gach neach rinn bràithreas riut ad ghnìomh ;
An dream a dh'aicheadh creideamh Chriosd,
No reic e air son ni nach b'fhiach. 180

A shluagh gun chiall thug miann do'n òr,
Roimh ghlòir is aoibhneas flaitheis Dé,
Bhur malairt ghòrach faicibh nis,
'S an sgrios a thug sibh oirbh féin.

'S a' mhuinntir uaibhreach leis 'm bu nàr, 185
Gu 'n cluinnte cràbhadh dha 'nur teach,
Faicibh a ghlòir 's na b' ioghnadh leibh,
Ged dhruid e sibh á rìogh'chd a mach.

O Herod ! faic a nis an Rìgh,
D' an d'thug thu spìd is masladh mòr, 190
'Ga sgeudachadh le trusgan ruadh,
Mar shuai'neas sgallais air a ghlòir.

Nach faic thu Breitheamh 'n t-saogh'l gu léir,
'S mar eudach uime 'n lasair dhearg,
A' teachd thoirt duais do dhaoine còir, 195
'S a sgrios luchd-dò-bheirt ann am feirg ?

Is thusa Philat ! tog do shùil,
'S gu faic thu nis am mùthadh mòr ;
An creid thu gur e sud an Tì
A rinn thu dhiteadh air do mhòd ? 200

An creid thu gur e sud an ceann,
Mu'n d' iadh gu teann an sgitheach geur ?
No idir gur i sud a' ghnùis,
Air 'n thilg na h-Iùdhaich sileadh breun ?

La A' Bhreitheanais

'M bu leòir gu'n theich a' ghrian air chùl, 205
A' diultadh fianuis thoirt d'an gnìomh ?
Ciod uim' nach d'fhuair a' chruitheachd bàs,
'N uair cheusadh air a' chrann a TRIATH ?

Cuiridh e aingle mach gach taobh
Chum ceithir ghaothaibh 'n domhain mhòir, 210
A chuartaichadh gach aon de'n t-sluagh,
A steach gu luath a dh'ionnsuidh mhòid.

Gach neach a dh' àitich column riamh,
O'n ear 's o'n iar tha nis a' teachd,
Mar sgaoth de bheachaibh tigh'n mu ghéig 215
An déis dhoibh éirigh mach o'n sgeap

'N sin togaidh aingeal glòrmhor suas,
Ard bhratach Chrìosd d'an suai'neas fuil ;
A chruinneachadh na ghluais sa' chòir
'S d'a fhuilangas rinn dòigh is bun. 220

D'a h-ionnsaidh cruinnichibh mo naoimh,
Is tionailibh gach aon de'n dream,
A rinn gu dìleas is gu dlùth,
Le creideamh 's ùmhlachd ceangal leam.

'N sin tionnsgnaidh 'm Breith' air cùis an là, 225
A chum a nàimhde chur fo bhinn ;
Is fosglaidh e na leabhrainn suas,
Far bheil peacadh an t-sluaigh air chuimhn'.

Fosglaidh e 'n cridhe mar an ceudn',
Air dhòigh 's gur léir do'n h-uile neach, 230
Gach uamharrachd bha gabhail tàimh
Air feadh an àrois ud a steach.

'N uair chi 'd an sealladh so dhiubh féin,
Is dearbh gur léir dhoibh ceartas Dé ;

La A' Bhreitheanais

'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as le nàir 235
Nach lugha cràdh na teine dian.

Togaidh an trompaid ris a fuaim,
"Na labhradh is na gluaiseadh neach,
Air chor gu'n cluinn gach beag is mòr,
A' bhreth thig air gach seòrsa mach. 240

"A dhaoine sanntach thréig a' chòir,
'S a leag bhur dòchas ann bhur toic,
A ghlais gu teann bhur cridhe suas,
'S a dhruid bhur cluas ri glaoth nam bochd.

"An lomnochd cha do dhion o'n fhuachd, 245
'S do'n acrach thruagh cha d' thug sibh biadh,
Ged lion mi féin bhur cisd' de lòn,
'S bhur treuda chuir a mòid gach bliadhn'.

"Ni bheil sibh iomchuidh air mo rìogh'chd,
As eugmhais firinn, iochd, is gràidh ; 250
'S o reub sibh m' iomhaigh dhibh gu léir,
Agraibh sibh féin 'nur sgrìos gu bràth.

"Is sibhs' bha guidheachan gu dian,
Gu'n glacadh 'n Diabh'l bhur n-anam féin ;
'S mithich bhur n-ùrnuigh fhreagrachd dhuibh, 255
'S na h-abraibh chaidh *Gur cruaidh a' bhinn.*

"Is sibhse rinn bhur teanga féin,
A gheurachadh chum uilc mar sgian,
Le tuaileas, cùl-chainnt, agus breug,
'S le blas-bheum tabhairt beum do Dhia. 260

"A nathraiche millteach 's oillteil greann,
Cha bhinn leam ceòl bhur srannraich àird ;
'S cha 'n éisd o'r teangaidh ghobhlaich cliù
Le drùchd a' phuinnsein air a bàrr.

La A' Bhreitheanais

“ Is sibhs' thug fuath do m' òrdugh naomh, 265
Is leis nach b'ionmhuinn caomh mo theach,
Leis am bu bhliadhna suidhe uair
Am àros tabhairt cluais do m' reachd.

“ Cionnus a mhealas sibh gu bràth
Am sheirbhis Sàbaid shiorruidh bhuan? 270
Na cionnus bheir bhur n-anam gràdh,
Do'n nì d'an thug bhur nàdur fuath?

“ Luchd-mì-ruin agus farmaid mhòir
D'an dòruinn iomlan sonas chàich,
Le doilghios geur a' cnàmh bhur cré 275
Mu aon neach oirbh féin bheir bàrr.

“ Cionnus a dh' fheudas sibh gu bràth
Làn shonas àiteach' ann an glòir,
Far am faic sibh mìlte dream
'G an ardach' os 'ur cionn gu mòr? 280

“ Am fad 's bu léir dhuibh feadh mo riogh'chd,
Neach b' àirde inbhe na sibh féin,
Nach fadadh mì-run 's farmad cùirt,
Tein' ifrinn dhuibh am flaitheas Dé?

“ Is sibhs' an sligh' na neo-ghloin' ghluais, 285
'S gu sònraicht' thruaill an leaba phòsd ;
Gach neach a thug do m' naomhachd fuath,
'G an tabhairt suas do thoil na feòl'.

“ Mar b' ionmhuinn leibh bhi losgadh 'n teas
Bhur n-uabhair, dheasaich mi dhuibh fearg, 290
Leabaidh theth 'san luidh sibh sìos,
Am brachaibh-lln de lasair dheirg.

“ Ged bheirinn sibh gu rìogh'chd mo ghloir',
Mar mhucaibh steach gu seòmar rìgh,

La A' Bhreitheanais

Bhur nàdur neoghlan bhiodh 'ga chràdh, 295
Le'r miannaibh bàsachadh chion bidh.

“Gach neach tha iomchuidh air mo rìogh'chd,
Teannaibh sibhse chum mo dheis,
Is cruinnichibh seachad chum mo chli,
A' chrìonach o na crannaibh meas.” 300

'N sin tearbainidh e chum gach taobh,
Na caoraich o na gobhraibh lom,
Ceart mar ni 'm buachaille an treud,
'N uair chuartaicheas e spréidh air tom.

'N sin labhraidh e ri luchd a dheis : 305
“Sibhse ta deasaichte le m' ghràs,
Thigibh, sealbhaichibh an rìoghachd,
Nach faic a sonas crìoch gu bràth.

“Spealg mise 'n geat' bha oirbhse dùint',
Le m' ùmhlachd 's m' fhulangas ro-gheur ; 310
'S dh' fhosgail an t-sleagh gu farsuing suas
Am leth-taobh dorus nuadh dhuibh féin.

“Chum craobh na beath' ta 'm Pàrrais Dé,
Le h-éibhneas teannaibh steach d'a còir ;
'S a feartan iongantach gu léir, 315
Dearbhadh bhur n-uile chreuchd 's bhur leòn.

“An claidheamh bha ruisgte laist' 'ga dìon,
O làimh bhur sinnsir Adhamh 's Eubh,
Rinn mise truaille de m' chridhe dha,
'S a lasair bhàth mi le m' fhuil féin. 320

“Fo dosraich ùrar suidhibh sìos,
Nach searg 's nach crìon am feasd a blàth ;
'S mar smeoraichean am measg nan geug,
Chum molaidh gleusaibh binn bhur càil.

La A' Bhreitheanais

- "Le 'maise sàsaichibh bhur sùil,
Is oirbh fo 'sgàil cha drùidh an teas ;
O 'duilleach chùbhraidh òlaibh slàint',
Is bithibh neo-bhàsmhor le a meas. 325
- "Gach uile mheas tha 'm Pàrrais Dé,
Ta nis gu léir neo-thoirmisgt' dhuibh ;
Ithibh gun eagal o gach géig,
An nathair-nimh' cha teum a chaoidh. 330
- "As uile mhiann bhur n-anma féin,
Làn shàsaichibh gu léir an Dia,
Tobar na firinn, iochd, is gràidh,
A mhaireas làn gu cian nan cian. 335
- "Mòr-innleachd iongantach na slàint',
Sìor rannsaichibh air àird 's air leud,
'S feadh oibriche mo rioghachd mhòir,
Bhur n-eòlas ciocrach cuiribh meud. 340
- "Bhur n-aobhneas, mais', bhur tuigs', 's bhur gràdh,
Bitheadh gu sìorruidh fàs na 's mò ;
'S ni 'n coinnich sibh aon ni gu bràth,
Bheir air bhur n-anam cràdh no leòn.
- "Cha 'n fhaca sùil, 's cha chuala cluas,
Na thaisg mi suas de shonas duibh,
Imichibh, 's biodh bhur dearbhachd féin
Sìor innse sgeul duibh air a chaoidh." 345
- Ach ris a' mhuinntir th'air a chli,
Labhraidh e 'na dhìoghaltas cruaidh :
"A chuideachd nach d' thug gràdh do Dhia,
A chum an diabhuil siùbhlaibh uam. 350
- "'S mo mhallachd maille ribh gu bràth,
A chum bhur cràdh 's bhur cur fo phian ;

La A' Bhreitheanais

Gluaisibh-se chum an teine mhòir, 355
G'ur ròsdadh ann gu cian nan cian."

Mar sgàin an talamh as a' chéil',
'N uair ghabh e teaghlach Chòrah steach,
Ceart làimh riu fosglaidh 'n uaigh a beul ;
'S i miananaich air son a creich. 360

Is mar a shluig mhuc-mhara mhòr
Iònah 'n uair chaidh thilgeadh mach,
Ni slugan dubh an dara bàis,
A charbad iadhadh umpa steach.

'San uamhaidh taobhaidh iad r'a chéil', 365
A ghluais 'n am beath' gu h-eucorach,
Luchd-mhionn is mortaidh is fianuis-bhréig',
Luchd-misg is reubainn 's adhaltrais.

Mar chualaig dhris an ceangal teann,
Air slabhraidh tha gach dream leo féin ; 370
'S an comunn chleachd bhi 'n caidreamh dlùth,
Mar bhioraibh rùisgte dol 'nan cré.

Mar leòmhan garg fo chuibhreach cruaidh,
Le thosgaibh reubadh suas a ghlais,
An slabhraidh cagnaidd iad gu dian, 375
'S gu bràth cha ghearr am fiaclan prais.

Bidh iad gu siorruidh 'n glacaibh bhàis
'S an cridh' 'ga fhàsgadh asd' le bròn,
Ceangailt air cuan de phronnasg laist',
'S a dheatach uaine tachd' an sròn. 380

Mar bhàirnich fuaighte ris an sgeir,
Tha iad air creagaibh goileach teann ;
Is dìbh-fhearg Dhé a' seideadh chuain,
'Na thonnaibh buaireis thar an ceann.

La A' Bhreitheanais

'N uair dhùineas cadal cruaidh an sùil, 385
Teas feirg' 's an-dòchas dùisgidh iad,
A' chnuimh nach bàsaich 's éibhle beò,
A' cur an dòruinn shìorruidh meud.

Air ifrinn 'n uair a gheibh iad sealbh,
'S làn-dearbhadh co d'an toir iad cis; 390
Faodaidh sinn an gearan truagh
Chur anns na briathraibh cruaidh so sìos :

"O staid na neo-ni 'n robh mi 'm thàmh,
Ciod uime dh'àrdaich Dia mo cheann?
Mo mhìle mallachd aig an là 395
'N do ghabh mo mhàthair mi 'na broinn.

"Ciod uime fhuair mi tuigse riamh?
No ciall is reusan chum mo stiùr'?
Ciod uim' nach d'rinn thu cuileag dhiom,
No durrag dhìblidh anns an ùir? 400

"Am mair mi 'n so gu saogh'l nan saogh'l?
'N tig crìoch no caochla orm gu bràth?
A bheil mi nis 'san t-sìorruidh'chd bhuain,
A' snàmh a' chuain ata gun tràigh?"

"Ged àir'mhinn uile reulta néimh, 405
Gach feur is duilleach riamh a dh'fhàs,
Mar ris gach braon ata sa' chuan,
'S gach gaineamh chuartaicheas an tràigh.

"Ged chuirinn mìle bliadhna seach,
As leth gach aon diubh sud gu léir, 410
Cha d'imich seach de'n t-sìorruidh'chd mhòir,
Ach mar gu 'n tòisicheadh i 'n dé.

La A' Bhreitheanais

" Ach O ! 'n do theirig tròcair Dhé ?
'S am pian e mi gu saogh'l nan saogh'l ?
Mo shlabhraidh 'n lasaich e gu bràth ? 415
No glas mo làmh an dean e sgaoil' ?

" 'M bi 'm beul a dh'orduich Dia chum seinn
Air feadh gach linn a chliù gun sgìos,
Mar bhalgan-séididh fadadh suas
Na lasrach uain' an ifrinn shìos ? 420

" Ged chaidh mo thruaighe thar mo neart,
Gu deimhin féin is ceart mo bhinn ;
Ach c'fhada bhios mi 'n so 'gam chràdh,
Mu'm bi do cheartas sàitheach dhìom ?

" No 'm bi thu dìolte dhìom gu bràth, 425
'N deach lagh an nàduir chur air chùl ?
Mo thruaighe mi ! 'n e so am bàs
A bhagair thu air Adhamh 'n tùs ?

" Air sgàth do dhioghl'tais 'm bi thu snìomh
Snàthain mo bheath' gu sìorruidh caol ? 430
Nach leòir bhi mìle bliadhn' 'gam losg'
As leth gach lochd rinn mi 'san t-saogh'l ?

" Ged lean do dhìogh'ltas mi gu m' chùl,
Cha 'n àrdaich e do chliù, a Dhé,
'S cha'n fhiù do d' Mhòrachd t'fhearg a chosd, 435
Air comharra cho bochd rium féin.

" O Dhia ! nach sgrìos thu mi gu tùr ?
'S le d' chumhachd cuir air m' anam crìoch,
'S gu staid na neo-ni tilg mi uait,
Far nach 'eil fulang, smuain, no gnìomh. 440

La A' Bhreitheanais

“ Ach O ! 's e so mo thoillt'neas féin,
Is ni bheil eucoir buntainn rium ;
Oir dhiùlt mi tairgse shaor do Chrìosd,
S nior ghabh mi d'a fhuil phrìseil suim.

“ Mo choguis ditidh mi gu bràth, 445
An fhianuis bha 'g am chàineadh riamh ;
An-ìochd no eucoir ann mo bhàs,
Cha leig i chàradh 'm feasd' air Dia.

“ Do thilg mi aitheanta air mo chùl,
Is ruith mi dùrachdach gu m' sgrios ; 450
Is fhianuis féin am chridhe mhùch,
A' druid' mo shùilean roimh mo leas.

“ Cia meud an dìogh'ltais tha dhomh dual
As leth mo pheacaidh uamharr dàn ?
Am peac' thug dùlan do fhuil Chrìosd, 455
'S a dh'fhàg gun éifeachd brìgh a bhàis.

“ Gidheadh, nach 'eil do bhuidhean féin
Neo-chrìochanach gu léir o chian ?
'S an toir mo chiont' air ìochd 's air gràdh
Gu fàs iad crìochnaicht' ann an Dia ? 460

“ An comas duit mo thilgeadh uat
Far nach cluinn do chluas mo sgreud ?
'Bheil dorchadas an ifrinn féin
Far nach léir do Dhia mo staid ?

“ At aoibhneas iomlan, 'n éisd do chluas 465
Ri creutair truagh a rinn do làmh,
Ag éigheach,—“ *Athair !* gabh dhìom truas,
'S leig fuarach do ghoil smear mo chnàmh ?

La A' Bhreitheanais

“Eisd o mo Dhia ! mo thagraidh bochd,
'S gach osna ghoirt ta teachd o m' chliabh, 470
'S aon achanaich nis iarram ort,
Air son gach lochd a rinn mi riamh :

“'N uair ghuileas mi deich mìle bliadhn'
'San lasair dhian so féin 'gam chràdh,
'N uair sgìth'cheas deamhain bhi 'gam phian', 475
O deònaich, 'Dhia, gu faigh mi bàs !

“Ge truagh mo ghuidhe cha'n éisdear e,
Is fois no fèath cha'n fhaigh mi chaoidh,
Ach beath' neo-bhasmhor teachd as ùr
Gum' neartach' ghiùlan tuille claoidh.” 480

Ach stad mo rann is pill air t'ais,
O shloc na casgraidh dhéin a nìos,
Is feuch cionnus a bheir thu seòl,
Do'n dream tha beò nach teid iad sìos.

A leughadair, a bheil e fìor, 485
Na chuir mi cheana sìos am dhàn ?
Ma 's e 's gu bheil, thig 's lùb do ghlùn
Le ùrnuigh 's aithreachas gun dàil.

A dh' ionnsuidh Iosa teich gu luath,
A' gabhail gràin is fuath do d' pheac', 490
Le creideamh fìor thoir ùmhlachd dha,
An uil' àitheanta naomh a reachd.

Gabh ris 'na oifigibh gu léir,
'S ri h-aon diubh na cuir féin do chùl ;
Mar Fhàidh, mar Shagart, is mar Rìgh, 495
Chum slàinte, didein, agus iùil.

La A' Bhreitheanais

Biodh eiseimpleir am beachd do shùl,
Chum t' uile ghluasad stiùr' da réir,
'S gach meadhon dh' òrduich e chum slàint'
Bi féin 'gan gnàthachadh gu léir.

500

As fhìreantachd dean bun a mhàin,
'S na taic gu bràth ri d' thoillneas féin ;
'S ma's àill leat éifeachd bhi 'na ghràs,
Na h-altrum peacadh dàimh ad chré.

Mar sin ged robh do chionta mòr,
Chum glòir do Thighearn' saorar thù,
Is chum do shonais shiorruidh féin
Air feadh gach ré a' seinn a chliù.

505

Am Bruadar.

AIR bhi dhomhsa ann am shuain
A' bruadar diomhain mar tha càch,
Bhi glacadh sonais o gach nì,
Is e 'gam dhibreadh anns gach àit'.

Ar leam gu'n d'thainig neach am chòir, 5
'S gu'n d' thuirt e rium gur gòrach mi,
Bhi smuainteach greim a ghleì'dh de'n ghaoith,
No gu'n lìon an saogh'l mo chrì'.

" Is diomhain duit bhi 'g iarraidh sàimh,
'N aon nì, no'n àit' air bith fo 'n ghréin ; 10
Cha chlos do d' chorp an taobh so 'n uaigh,
No t' anam 'n taobh so shuaimhneis Dé.

" An tra dh'ith Adhamh meas an tùs,
Am peacadh dhrùidh e air gach nì,
Lion e a h-uile nì le saothair, 15
Is dh'fhàg e 'n saogh'l 'na bhriste' crì'.

